



Atharrachadh na gnàth-shìde

Greta Thunberg

'S e oileanach a th' ann an Greta Thunberg. Tha i ainmeil na neach-iomairt airson na gnàth-shìde agus na h-àrainneachd.

Tràth-bheatha

Rugadh Greta Tintin Eleonora Ernman Thunberg ann an Stockholm, An t-Suain air 3 Faoilleach 2003.

'S e Greta a' chiad pàiste aig Malena Ernman agus Svante Thunberg. Tha aon phiuthar aice, Beata. 'S e seinneadair a th' innte.

'B e seinneadair opara a bha na màthair, Malena, agus 's e actair agus ùghdar a tha na h-athair. B' e an t-uallach a th' air Greta mun àrainneachd a thug air a màthair sgrùdadh a shiubhal gu tachartasan ciùil air itealan.

Ri linn an uallaich a bha blàthchadh na cruinne a' dèanamh dhi, dh'fhuiling Greta le trom-inntinn na h-òige. Rinn a' bhuidh a bh' aige seo oirre dragh mòr dha h-athair agus dha màthair. Fhuair an teaghlach a-mach gun robh Asperger's syndrome agus OCD oirre agus, le cuideachadh, thòisich i a' togail oirre.



Tha Greta air a ràdh nach e bacadh a th' ann an Asperger's dhìse, ach 'superpower'. Na beachd-se, 's e rud math a th' ann oir gheibh i air fòcas a chumail air atharrachadh na gnàth-shìde. Tha e aithnichte gu bheil eòlas agus ùidh glè mhòr aig daoine le Asperger's syndrome ann an aona chuspair – 's e atharrachadh na gnàth-shìde an cuspair anns a bheil ùidh aig Greta.



Atharrachadh na gnàth-shìde

Mar bu mhotha a dh'ionnsaich i mu atharrachadh na gnàth-shìde, 's ann bu mhotha a ghabh i iongnadh cho beag 's a bha daoine a' dèanamh mu dheidhinn.

Ag iomairt

Nuair a bha i 15, shuidh Greta, na h-aonar, taobh a-muigh Pàrlamaid na Suain gach latha, fad trì seachdainean an àite a dhol dhan sgoil. B' ann ron taghadh ann an 2018 a bha seo. Bha i airson fianais a thogail mu cho beag 's a bha luchd-poileataigs na dùthcha a' dèanamh mu atharrachadh na gnàth-shìde agus amasan Aonta Pharis a choileanadh.



Bha soidhne aice air an robh Skolstrejk för klimatet (stailc-sgoile gnàth-shìde) sgrìobht. Air am misneachadh leatha, cha b' fhada gus an robh sgoilearan a' togail fianais còmhla rithe aig a' Phàrlamaid.



Chùm i oirre a' dol air stailc gach Dihaoine an dèidh nan taghaidhean.

Greis an deidh sin, chaidh am buidheann Fridays for Future a stèidheachadh, a' brosnachadh òigridh gus pàirt a ghabhail san iomairt. Air feadh an t-saoghail, gach Dihaoine, thòisich clann sgoile agus òigridh a' togail fianais le bhith a' dol air stailc-sgoile airson na gnàth-shìde.

Canaidh cuid gur e neach sònraichte, glic, pongail a th' innte aig a h-aois. Tha feadhainn eile air ceasnachadh an e a pàrantan a th' air cùl na tha i a' dèanamh agus ag ràdh. Tha a h-athair air a ràdh nach tug e fhèin no a bhean taic dhi nuair a bhruidhinn i mu dhol air stailc-sgoile an toiseach. Thuirt iad rithe, gum feumadh i bhith ullaichte le fiosrachadh gun fhios nach deidheadh a ceasnachadh, agus airson an sgrùdadh a dheidheadh a dhèanamh oirre nan deidheadh i air adhart leis. Tha Greta air a ràdh o nuair sin, gur e ceartas na gnàth-shìde an rud as cudromaiche dhìse agus chan e dè tha daoine a' saoilinn dhith.






Atharrachadh na gnàth-shìde

Òraidean

Bidh Greta a' faighinn an uamhas chuiridhean bruidhinn air atharrachadh na gnàth-shìde agus chan eil leisg oirre innse do cheannardan an t-saoghail nach eil iad a' dèanamh gu leòr gus gasaichean taigh-glainne a lùghdachadh.

A' feuchainn ri ìmpidh a chur orra, bhruidhinn i a-mach aig Co-labhairt Atharrachadh Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte 2018 agus a-rithist ann an 2019, aig Còmhhdail Gnìomhachd Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte ann am Baile New York.



'How dare you!'

Bidh cuimhne aig mòran air an òraid a rinn i ann am Baile New York. Anns an òraid, thuir i gun robh ceannardan dhùthchannan beartach a' leigeil a' ghinealaich aicese sìos, le bhith toirt a' chreidsinn gun robh iad a' dèanamh a h-uile dìcheall maill a chur air atharrachadh na gnàth-shìde - **'You have stolen my dreams and my childhood with your empty words... We are in the beginning of a mass extinction, and all you can talk about is money, and fairy tales of eternal economic growth. How dare you!'**, dh'èigh i.

'Blah, blah, blah'

Anns an t-Sultain 2021, bhruidhinn i aig co-labhairt YOUTH4CLIMATE, pàirt de ro-choinneamhan COP26 ann am Milan san Eadailt. Dhubh-chàin i ceannardan an t-saoghail a-rithist, a' toirt slaic air na rinn iad de chòmhradh mu atharrachadh na gnàth-shìde anns na 30 bliadhna a dh'fhalbh, gun càil practaigeach ga dhèanamh mu dheidhinn.

Chleachd i an abairt 'Blah, blah, blah' uair is uair airson sealltainn cho beag 's a bha i a' saòilsinn de na còmhradhean agus de nan ceannardan.



Dealbhan: Getty Images, Shutterstock



Atharrachadh na gnàth-shìde

Urraman agus duaisean


Tha an dòigh anns a bheil i ga giùlan fhèin agus cho dìoghrasach 's a tha i gun tèid rudeigin a dhèanamh mu atharrachadh na gnàth-shìde air urraman agus duaisean a chosnadh dhi. Chaidh a h-ainm a chur air adhart airson Duais-sìthe Nobel trì bliadhna an dèidh a chèile agus tha i air iomadach duais a thogail, nam measg Ball Urramach de Chomann Rìoghail Cruinn-eòlasach na h-Alba. Tha a h-ainm cuideachd air nochdadh ann an liosta Forbes The World's 100 Most Powerful Women agus choisinn i tiotal Time Magazine's Person of the Year ann an 2019.



A' brosnachadh Dhaoine

A' brosnachadh tro eisimpleir, cha b' ann air itealan a shiubhal Greta gu Baile New York ann an 2019 ach air gheat-rèisidh a bha a' ruith air cumhachd lùth na grèine agus lùth na gaoithe. Thug an turas faisg air cola-deug o dh'fhàg i Plymouth ann an Sasainn. Tha i a' diùltadh siubhal air itealan air sgàth 's na tha itealain a' leigeil de ghasaichean taigh-glainne mu sgaoil dhan àile.

San aon bhliadhna, chuir David Attenborough meal-a-naidheachd oirre airson aire dhaoine air feadh an t-saoghail a tharraing gu blàthachadh na cruinne - rud a thuirt e a bha feadhainn eile a' feuchainn ri dhèanamh o chionn 20 bliadhna gun mòran soirbheachaidh.



Dealbhan: Time Magazine, Yachting International



Atharrachadh na gnàth-shìde



Ge-tà, chan eil i a còrdadh ris a h-uile duine. Ann an 2019, dh'èigh Ceann-suidhe Bhrasil, Jair Bolsonaro nach ro innte ach 'bradag bheag' and thuir Dòmhnall Trump, Ceann-suidhe na SA aig an àm, air Twitter, gun robh e a' smaoinichadh gur e gòraiche a bh' ann gun d' fhuair i urram bho iris Time.

Follaiseachd

A thuilleadh air a bhith na h-òraidiche, bidh Greta an sàs ann an agallamhan, tha i air leabhraichean fhoillseachadh agus bidh i a' nochdadh air prògraman aithriseach.

